



# Grabhataidh

## Le Aonghas Pàdraig Caimbeul

Nuair a bha mi nam bhalach beag  
Ann an Sgoil Ghearraidh na Mònadh  
Leugh mi gun deach balach Sasannach  
a-mach aon latha  
's gun do laigh e fo chraoibh  
Far an do thuit ubhal air a bhathais, agus mar sin  
Lorg e grabhataidh.

“À hà”, thuirt mi rium fhìn,  
“Sin carson nach e Uibhisteach a fhuair e –  
Mura b’e gun do loisg na Lochlannaich  
Gach craobh bha ann an Uibhist,  
Bhiomaid ainmeil.”

Choisich mi dhachaigh as dèidh na sgoile  
An t-uisge dìleach a’ dòrtadh às na speuran  
Mar seann fhìrinn.